


1. A' Ghàidhlig ann an Canada | Gaelic in Canada

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo le faclan às an leasan.

1. Ciamar a chanas tu '**bùth**' ann an Gàidhlig Chanadach? _____
2. Ciamar a chanas tu '**briosgaid**' ann an Gàidhlig Chanadach? _____
3. Dè am facal Gàidhlig air 'moccasin'? _____
4. Ciamar a chanas tu '**loch**' no '**poll**' ann an Gàidhlig Chanadach? _____
5. Dè an t-ainm a th' air an t-sioraip mhilis a thig à craobhan? _____

2. An t-Seann Dùthaich | The Old Country

Sgrìobh  - Thoir sùil air mapa Chanada agus feuch an lorg thu ainmean-àite eile à Alba ann an Alba Nuadh, no fiù anns na **mòr-roinnean** 'provinces' eile. Sgrìobh sia ainmean a lorgas tu an seo:

1. _____
2. _____
3. _____
4. _____
5. _____
6. _____

3. Iomairtean Gàidhlig | Gaelic Affairs

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo mun earrainn sgrìobhte a th' anns an leasan.

1. Càit a bheil Alba Nuadh ann an Canada?

2. Cuin a chaidh na Gàidheil a dh'fhuireach ann an Alba Nuadh?

3. Cia mheud duine aig an robh Gàidhlig timcheall air 1850?

4. Cuin a dh'fhosgail a' chiad sgoil Ghàidhlig agus càit a bheil i?

4. An Drochaid Eadarainn | The Bridge Between Us

Èist  ris an òran '**Òran do Cheap Breatainn'** air an làrach-lìn YouTube:

www.youtube.com/watch?v=OsaZYyQvNZg

'S e Ceap Breatainn tìr mo ghràidh,
Tìr nan craobh 's nam beanntan àrd
'S e Ceap Breatainn tìr mo ghràidh
Tìr as àillidh leinn air thalamh

'S bhon a tha mi anns an àm
Còmhnaidh ann an tìr nam beann
'S ged a tha mo Ghàidhlig gann
Nì mi rann do thìr nan gleannan

Chan urrainn dhòmhsa chur air dòigh
No chur sìos le briathran beòil
Tha do mhaise is do ghlòir
Còmhnaidh ann an tìr nam beannaibh.

Àit' as maisich tha fon ghrèin
Smeòrach seinn air bhàrr nan geug
Gòbhlán-gaoithe cluich ri chèil'
'S an nead gleusta fo na caman

Feasgar foghair ann an ceò
Nuair a dhùnadh oirnn na neòil
Ceò na mara tighinn nan tòrr
Sìos fo sgleò bho bhàrr nam beannaibh

Nuair thèid a' ghrian don àird an iar
'S a thig an dealtach oirr' gu fìor
'S binne leam guth nan eun
Seinn cho dian air bhàrr nam meangan

Chluinnteach 'bellichean' fo ghliong
Air a' chrodh ri taobh nan gleann
'S na laoigh òga staigh 's na tuim
'S iad fo chuing fo challan sgalach

Chluinnear dreachd eile air an òran seo air
an làraich-lìn aig An Drochaid Eadarainn:

www.androchaid.com/node/159

Anns a' gheamhradh àm an fhuachd
Àm nam bainnsean àm nan luadh
Chluinnteach gillean air clèith luaidh
'S gruagaichean gu cruaidh ga leantainn

Nuair bhiodh am fuachd ullamh rèidh
Chuirte an fhidheall sin air ghleus
Dhannsamaid air ùrlar rèidh
Gur e Cabar Fèidh bu mhath leinn

'S e chuir mise nochd fo bhròn
Cuimhneachadh air làithean m' òig'
Feadhainn a bhiodh leinn ri spòrs
Gu bheil cuid dhiubh nach eil maireann

'S ged a dh'fhalbh a chuid dhiubh bhuainn
Tha iad anns an dachaidh bhuan
Ann am pàrras Rìgh nan sluagh
Far am bheil solas buan nach maireann

Am Framboise fhuair mi m' àrach òg
Ann an nàbachd Clann 'ic Leòid
'S tric a bha sinn math ri spòrs
Ann an làithean solas m' àrach

Chan urrainn dhomhsa leth chur innt'
Ann am maisealachd san tìr
Stadaidh mi bhon tha mi sgìth
Beannachd leibh is oidhche mhath leibh

Tha rannan eile air an òran seo cuideachd:

Chìte cailleach ghasta chòir
Tighinn mun cuairt a thomhas a' chlà
An crannan aice air a dòrn
Cha robh dòigh ac' air a mealladh

'S ann a bha mi anns an àm
Còmhnaidh ann an tìr nam beann
'S ged a tha mo Ghàidhlig gann
Nì mi rann do thìr nan gleannan

Sgrìobh  - Lìon na beàrnan seo leis a' chruth cheart den roimhear **eadar**:

1. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil balla cloiche _____. [eadar + iad]
2. Leigibh leis a' phàiste suidhe _____. [eadar + sibh]
3. Bha mu chòig troighean _____ mi fhìn agus am fear eile.
4. Chan eil fhios agam dè tha dol _____. [eadar + sinn]

5. Chaidh an cur a-null | They were sent over

Sgrìobh  na seantansan seo a-rithist a' cleachdadh nam buadhairean sealbhach an àite nan ainmearan / riochdairean :

1. Thèid **an taigh** a thogail as t-samhradh am-bliadhna.

2. Cha deach **uinneag na h-oifise** a ghlasadh an-dè.

3. Chaidh **na daoine** fhuadach às an dachaighean aig Àm nam Fuadaichean.

4. Cha tèid **mullach na beinne** a ruigsinn anns a' gheamhradh.

5. Thèid **an còmhradh** a chumail ann am Fraingis a-mhàin.

6. Chaidh **a' cholaiste** fhosgladh air an deireadh-sheachdain.

7. Cha deach **mi fhìn agus mo charaid lain** a thogail aig deireadh na fèise.

8. Saoilidh mi nach tèid **a' chompanaidh** a dhùnadh a-nis.

9. Nach deach **sibh** a cheartachadh leis an oide idir?

10. Tha mi den bheachd nach tèid **na leabhraichean** a thoirt às an leabharlann seo.

6. Ciad-nàiseanaich | First Nations People

Èist  ris a' chlàradh turas eile, ach a-nis **Leugh**  an tar-sgrìobhadh aig an aon àm - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-22-alba-nuadh-nova-scotia

Coinneach: Na Mi'kmaq, a Thormoid, dè cho fad 's as aithne dhutsa an eachdraidh a th' aca. 'S e treubh de na h-**Innseanaich** dhearga, ma dh'fhaodas sinn a chur mar sin, a th' annta nach e?

Tormod: Uill...

Coinneach: No an e?

Tormod: Tha sin duilich a ràdh ann an dòigh, fhios agad, tha iad de na h-aon daoine tha mi a' creidsinn, ma tha thu a' ciallachadh le na h-Innseanaich dhearga gu bheil thu a' ciallachadh Innseanaich cheann a tuath Ameireagaidh san fharsaingeachd, tha iomadh treubh dhiubh sin ann, ach cuimhnich, san latha a th' ann an-diugh, chan eil e **ceadaichte** thall **gabhail orra mar** Innseanaich idir, chan e sin ach facal a chuir an duine geal orra, seach gun robh iad de dhiofar dath, gun robh iad 'dubh' mar a bha, tha an duine geal às an Roinn Eòrpa a' faicinn nan daoine a thàinig à Afraga a dh'Ameireagaidh, ach thathas gu math cinnteach a-nis gum buin na daoine ann an Ameireagaidh agus ann an Canada **ris an cainte** anns a' Bheurla 'Native Peoples', daoine a bh' ann mus tàinig na daoine às an Roinn Eòrpa, gur ann bho Àisia a thàinig iad an toiseach. Nist, tha na Mi'kmaq, buinidh iadsan do threubh nas fharsainge air a bheil na h-Algonquian agus thathar gu math cinnteach a-nis gur ann à ceann a tuath Àisia a thàinig iad bho thùs, fhios agad, nuair a bha ceann a tuath Àisia agus far a bheil Alasga an-diugh uileag còmhla mar aon **mhòr-thìr**. Tha Bearing Sea an-diugh a' tighinn eadar Alasga agus ceann a tuath Àisia, ach thàinig na daoine bho sin aig aon àm, sin a tha a' fàgail ìomhaigh nan Sìonach orra ann an dòigh 's tha daoine a tha a' rannsachadh nan gnothaichean sin ag ràdh gu bheil iad nas fhaisge ann an **gnè** ri muinntir Àisia 's ri na Sìonaich na tha iad ri duine sam bith eile, ach tha iad air a bhith, na Mi'kmaq, air a bhith ann an Alba Nuadh a-nis airson còrr math is mìle bliadhna* 's ann an àitichean eile ann an Canada is anns na Stàitean fada ron a sin.

Innseanach *m* | Indian
ceadaichte *adj* | permitted, allowed
gabhail orra mar | describe them as

ris an cainte | who/that would be called
mòr-thìr *f* | mainland, continent
gnè *m* | sort, species / gender

* Thathas an ìre mhath cinnteach a-nis gu bheil na Mi'kmaq, no na sinnsearan aca, air a bhith ann an Alba Nuadh airson pìos math na b' fhaide na mìle bliadhna, math dh'fhaodte còrr is 14,000 bliadhna!

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo mun earrainn:

1. Carson nach bu chòir dhuinn 'na h-Innseanaich dhearga' a ràdh ris na Tùsanaich ann an Canada agus na Stàitean Aonaichte?

2. Cò an treubh dham buin na Mi'kmaq?

3. Cò às a thàinig sinnsearan nam Mi'kmaq bho thùs?

4. Ciamar a thàinig iad gu Canada an toiseach?

1 - A' Ghàidhlig ann an Canada | Gaelic in Canada

1. stòr
2. cucaidh
3. mocaisean
4. pòn
5. malpais

2 - An t-Seann Dùthaich | The Old Country

Tha iomadh àite air feadh Chanada, ach seo cuid de na h-eisimpleirean:

1. **Loch Abar** | Lochaber
2. **Stèisean Ghleann Comhann** | Glencoe Station
3. **Inbhir Pheofharain** | Dingwall
4. **Obar Dheathain** | Aberdeen
5. **Loch Uibhist** | Lake Uist
6. **Glinn Eilg** | Glenelg

3 - Iomairtean Gàidhlig | Gaelic Affairs

1. Air an taobh an ear Chanada
2. Aig àm nam Fuadaichean
3. Faisg air ceud mìle duine - 100,000
4. Ann an 2021 ann an Ceap Breatainn

4 - An Drochaid Eadarainn | The Bridge Between Us

1. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil balla cloiche eatarra.
2. Leigibh leis a' phàiste suidhe eadaraibh.
3. Bha mu chòig troighean eadar mi fhìn agus am fear eile.
4. Chan eil fhios agam dè tha dol eadarainn.

5 - Chaidh an cur a-null | They were sent over

1. Thèid a thogail as t-samhradh am-bliadhna.
2. Cha deach a glasadh an-dè.
3. Chaidh am fuadach às an dachaighean aig Àm nam Fuadaichean.
4. Cha tèid a ruigsinn anns a' gheamhradh.
5. Thèid a chumail ann am Fraingis a-mhàin.
6. Chaidh a fosgladh air an deireadh-sheachdain.

7. Cha deach ar togail aig deireadh na fèise. idir?
8. Saoilidh mi nach tèid a dùnadh a-nis. 10. Tha mi den bheachd nach tèid an toirt
9. Nach deach ur ceartachadh leis an oide às an leabharlainn seo.

6 - Ciad-nàiseanaich | First Nations People

1. Chan e sin ach facal a chuir an duine geal orra leis gun robh iad de dhiofar dath.
2. Buinidh na Mi'kmaq do threubh nas fharsainghe air a bheil na h-Algonquian.
3. Thathar gu math cinnteach a-nis gur ann à ceann a tuath Àisia a thàinig iad bho thùs.
4. Thàinig iad an toiseach nuair a bha ceann a tuath Àisia agus far a bheil Alasga an-diugh uile còmhla mar aon mhòr-thìr, far a bheil am Bearing Sea an-diugh a' tighinn eadar Alasga agus ceann a tuath Àisia.